

- Anna:** Feasgar math. Is mise Anna. Dè an t-ainm a th' ort?
- Niall:** Is mise Niall. Ciamar a tha thu, Anna?
- Anna:** Tha gu math, tapadh leat. Ciamar a tha thu fhèin?
- Niall:** Chan eil dona, tapadh leat. Càit a bheil thu a' fuireach?
- Anna:** Tha mi a' fuireach ann am Bail' Eilidh. Càit a bheil thu fhèin a' fuireach?
- Niall:** Tha mi a' fuireach ann an Glaschu ach tha mi à Leòdhas. Tha mo phàrantan a' fuireach ann an Leòdhas fhathast.
- Anna:** Leòdhas. Tha mi ag iarraidh a dhol a Leòdhas aon latha. Tha mo charaid Eilidh a' fuireach ann an Steòrnabhagh. A bheil Leòdhas brèagha?
- Niall:** Tha Leòdhas uabhasach brèagha. Càit a bheil do charaid ag obair?
- Anna:** Tha i ag obair ann an oifis companaidh telebhisean airson bliadhna.
- Niall:** Tha mi a' dol suas a Leòdhas Diardaoine airson seachdain. Dè an t-ainm a th' air a' chompanaidh?
- Anna:** Tha i ag obair airson Media nan Eilean.
- Niall:** Tha mise a' dol gu oifis MNE. Chì mi Eilidh, ma tha.
- Anna:** Glè mhath. Am faigh thu mo bhonaid? Tha i ann am baga Eilidh.
- Tha an t-sìde fuar a-nis agus tha mo cheann fuar. Tha mi ag iarraidh mo bhonaid.
- Niall:** Glè mhath. Tha sin ceart gu leòr. Càit am bi thu feasgar Dihaoine?
- Anna:** Bidh mi aig an taigh agam ann am Bail' Eilidh.
- Niall:** Dè an àireamh fòn a th' agad?
- Anna:** Bail' Eilidh seachd, dhà, neoní, trì, naoi, còig.
- Niall:** Glè mhath. Chì mi thu feasgar Dihaoine.
- Anna:** Glè mhath. Tapadh leat an-dràsta. Mar sin leat.
- Niall:** Mar sin leat, ma tha.